



Teisteanais  
Nàiseanta  
2017

**X732/76/11**

**Gàidhlig  
Leughadh**

Gàidhlig  
Reading

**Àrd-Ìre**

DIHAOINE, 2 ÒGMHIOS

9:00 M – 10:40 M

**Comharran gu lèir — 30**

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Sgrìobhadh. Cuir do fhreagairtean airson Sgrìobhadh ann an leabhran nam freagairtean airson Sgrìobhadh.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraichean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 7 3 2 7 6 1 1 \*

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE

An dèidh a' chogaidh

Nuair a thàinig e a-mach às an uaimh bha a cheann fhathast goirt. Bha e air a bhith innte fada ro fhada ach cha robh cothrom air. Dhìrich e na creagan agus thug e sùil mun cuairt air. Bha an cuan a' deàlradh mu choinneimh agus dh'fhairich e a' ghrian ga losgadh air cùl amhaich. Bha an saoghal timcheall air cho sàmhach, cho sàmhach ris an uaigh.

- 5 Aig a chasan, bha mu dhusan faoileig. Marbh. Chrom e: dè bha ceàrr? Bha fios aige gun do theich e ach cha robh cuimhne aige carson. Dè idir a bha air tighinn air an àite? Dè . . .? Shuath e a cheann a bha gu sgàineadh, 's theab e cur a-mach. Bhuail e na cloaich gheala le bhrògan agus thuit iad aon an dèidh aoine sìos don chuan mar ainglean briste. Dhìrich e chun an rathaid. Bha a chasan ga threòrachadh ach cha robh cuimhne aige dè an ceann-uidhe a bh' aige. Bha e air
- 10 coiseachd ùine mhath mus do bhuail an smuain air nach robh e air aon charbad fhaicinn. Cha robh fuaim sam bith ri chluinntinn ach glug glug stamag na mara, a' deòghal air puinnsean glas. Lean e air.

- Nuair a bha e a' dlùthachadh air a' bhaile chunnaic e na radain, radain mhòra bhorba, a' ruith air feadh na sràide. Stad aon dhiubh, a' sealltainn ris le sùilean beaga nimheil, mus do nigh e e fhèin
- 15 gu cùramach mar chat air beulaibh teine. Thog an duine clach ach cha do rinn an radan ach coiseachd air falbh. Stad an radan ri taobh corp duine a bha na laighe aig cliathaich an rathaid. Chuir e a cheann biorach gu aon taobh mar gum biodh e a' dèanamh sgrùdadh air a' chorp. Chaidh an duine a-null chun a' chuirp. Bha a cheann a-nis na thuaineal. Chuir e a-mach an turas seo cinnteach.

- 20 Bha na radain uile a-nise mun cuairt air, a' gluasad mar bhrot ann am prais, a' goil agus a' plubadaich. Chuir iad an t-eagal air . . . bha iad cho reamhar, cho sona agus cho saor mar gum b' ann leothasan a bha an saoghal. Thog e air gu faiceallach sìos an t-sràid. Thog iadsan orra cuideachd, a' gluasad còmhla ris—e fhèin ann am meadhan a' chearcaill. Choimhead e ann an uinneag bùth leabhraichean. Cha dèanadh e a-mach ach aon tìotal: “*Thig crìoch air an t-saoghal*
- 25 *ach mairidh gaol is ceòl*” oir bha na leabhraichean eile air an cagnadh. Dè an ath rud anns an cuireadh iad am fìaclan? Sheall e air a chùlaibh agus bha iad an sin . . . gràisg de radain ga leantainn. Thog e clach mhòr agus bhuail e fear de na radain air a cheann. Thuit e, air a chliathaich, mar chraoibh ann am meadhan coille. Chunnaic e ann an uinneig eile radan le a cheann ann an cnogan silidh agus fear eile ag ithe leiteas mar leanabh a' cagnadh air pìos ubhail
- 30 le dhà làimh. Am meadhan an rathaid bha àradh de chnàmhan far am b' àbhaist cù a bhith. Dh'fhosgail e doras bùtha, chual' e tàirneanaich de radain bhon taobh a-staigh agus shlaod e an doras gu grad orra a-rithist. Bha an fheadhainn eile fhathast ga leantainn ge-tà, cho cinnteach ris a' bhàs . . . Thog e clach eile agus stad iad, a' sealltainn ris gun eagal. Dh'fhairicheadh e an cuid fhiacilan na fheòil . . .

- 35 Chùm e air. Ann an uinneag taighe, chunnaic e radan na shuidhe air beulaibh telebhisean mar gum b' ann a' coimhead air na naidheachdan a bha e. Bha radain eile a' coiseachd sìos an t-sràid mar theaghlaichean a' gabhail cuairt air an t-Sàbaid, a' cabadaich còmhla. Bha iad uile a' cur fearg air. Nam faigheadh e grèim air gunna no air *grenade*, chuireadh e às dhaibh uile. Ach an t-sàmhchair . . . Stad e ann an teis meadhan a' bhaile. Shuas air a' chnoc bha an tùr mar a
- 40 chleachd e bhith . . . ach . . . gun robh e a' gluasad beagan. Thuig e gun robh mìltean de radain nan suidhe air a bhàrr a' cumail faire. Thòisich e air gàireachdainn 's cha mhòr gum faigheadh e air sgar. Bha e acrach ach bha na radain air am biadh gu lèir ithe. Laigh a shùil air bùth eile le doras seasmhach dùinte oirre. Dh'fhosgail e an doras agus leum e a-steach. Dhùin e an doras air na radain agus lorg e botal fion is pacaid bhriosgaidean. Caisteal ann am meadhan a' bhlàir.

45 A-muigh air an t-sràid, chitheadh e na radain nan seasamh gu dìreach mar rèiseamaid. Ghabh e balgam fion, rinn e crònan beag leis fhèin agus chuir e a theanga a-mach riutha. Sheall iad air ais air, gan gleusadh fhèin, a' feitheamh . . .

Bha am feasgar a' ciaradh nuair a thàinig e a-mach às a' bhùth, a' seinn gu h-àrd agus botal falamh na làimh. Shad e am botal air a' chiad radan a chunnaic e. Thog e clach an dèidh cloiche, gan sadail air na radain mar fhras mharbhtach ach cha do theich iad. Rinn iad cearcall mun cuairt air mar gum b' ann a' dol a dhèanamh ruidhle a bha iad. Ach càit an robh an ceòl? Am biodh ceòl ann gu bràth tuilleadh?

Bha rudeigin ag innse dha gu feumadh e am baile fhàgail mus tuiteadh an oidhche. Smaoinich e air na sùilean beaga ud mar rionnagan a' priobadh anns an dorchadas, milleanan de sholais uaine a' lasadh san dubh-oidhche. Chaidh e air chrith ach thug e a chasan leis mu dheireadh thall.

A-muigh air an dùthaich cha chluinneadh e ach fuaimean a chasan fhèin. Air gach taobh den rathad bha craobhan làn dhearcagan ach 's ann a bha iad uile glas le duslach. Choisich e le ceumannan troma agus am beul na h-oidhche, ràinig e a' choille a bha a' bàsachadh bho bhonn gu bàrr. Bha na h-eòin mharbha air tuiteam às na craobhan agus dh'fhairich e an cnàmhan beaga a' briseadh fo chasan.

Bha a cheann mar bhoma nach deach a spreadhadh ach bha an t-àite ga thàladh. Choisich e agus choisich e gus an do lorg e an togalach mòr geal a bha e a' sireadh air taobh thall na coille. Gu mall, chaidh e suas chun an dorais agus ghnog e. Ghnog e a-rithist le dhà làimh. Ghnog e le uile neart ach cha chuala duine beò e. Bha an t-ospadal marbh. Shuidh e air leac an dorais, a cheann na làmhan mar gun robh an dèideadh air. Ach cha tigeadh na deòir.

Cha b' fhada gus an tuiteadh an dorchadas mu dheireadh . . . gus an tigeadh a' ghealach a-mach na gùn-oidhche geal, a' falbh gun tàmh a' sireadh saoghal a bha ann uaireigin shìos foidhpe. Agus na rionnagan, na rionnagan deàlrach uaine . . . gan cuairteachadh ann an cearcall a bha a' sìor fhàs beag . . .

(le Iain C. Mac a' Ghobhainn — atharraichte)

COMHARRAN

**Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.**

1. Dè an suidheachadh a tha an sgrìobhadair a' cruthachadh sa chiad pharagraf? **2**

Coimhead a-rithist air loidhnichean 5 gu 12.

2. Seall mar a tha an sgrìobhadair air diofar dhòighean sgrìobhaidh a chur gu feum airson buaidh a thoirt air an leughadair. Dh'fhaodadh tu bualadh air, mar eisimpleir: structar-seantans, taghadh-facail, pearsanachadh agus ìomhaigheachd. Cleachd fianais às an earrainn nad fhreagairt. **3**

Coimhead a-rithist air loidhnichean 13 gu 23.

3. Seall le eisimpleirean mar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh soilleir gu bheil na radain air làmh-an-uachdair fhaighinn air a' bhaile. **3**

Coimhead a-rithist air loidhnichean 23 gu 26.

4. Mìnich mar a tha na chunnaic an duine ann am bùth nan leabhraichean a' toirt soilleireachadh dhuinn air an t-suidheachadh anns a bheil e. **2**

## Ceistean (a' leantainn)

Coimhead a-rithist air loidhnichean 26 gu 37.

5. Tha an sgrìobhadair a' toirt dealbh dhuinn air mar a tha na radain gan giùlan fhèin mar dhaoine anns a' bhaile. Dèan geàrr-chunntas air mar a rinn e seo. Na tagh ach am fiosrachadh as cudromaiche gus seo a dhèanamh. Cleachd na facail agad fhèin cho fad 's a ghabhas. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 37 gu 47.

6. Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh ìomhaigheachd cogaidh anns na loidhnichean seo. Le bhith a' cleachdadh eisimpleirean, seall mar a tha seo a' cur ris an t-srì eadar an duine agus na radain. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 48 gu 53.

7. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh soilleir gu bheil am biadh agus an deoch a ghabh an duine sa bhùth air misneachd a thoirt dha. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 57 gu 60.

8. Seall, le fianais, mar a tha an sgrìobhadair a' toirt ort faireachdainn gu bheil tinneas air choreigin air tuiteam air an àite fhad 's a tha an duine air a shlighe tron choille. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 62 gu 65.

9. Chì sinn gu bheil an duine ann an èiginn às dèidh dha an togalach a lorg. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' toirt seo am follais. Cleachd fianais às an teacs nad fhreagairt. 3

Coimhead air a' pharagraf mu dheireadh.

10. Smaoinich air cho èifeachdach 's a tha an deireadh mar chrìoch air an sgeulachd. Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air plota, ìomhaigheachd agus taghadh-facail. 2

Thoir sùil air an teacs gu lèir.

11. Tha ceann goirt a' cur dragh air an duine tron sgeulachd air fad. Seall le eisimpleirean mar a tha an ìomhaigh leantainneach seo èifeachdach ann a bhith a' toirt taic dhan phlot. 3

12. Beachdaich air an sgeulachd air fad. Nad bheachdsa, dè an teachdaireachd as cudromaiche a thig às an sgeulachd seo? 1

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[FOSGAIL A-MACH]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

## ACKNOWLEDGEMENTS

Text – Extract is adapted from “An dèidh a’ Cogaidh” by Iain Mac a’Ghobhainn, taken from *Am t-Adhar Ameireaganach*. ISBN 0902706160. Published by Club Leabhar (1973).

**SQA has made every effort to trace the owners of copyright materials in this question paper, and seek permissions. We will be happy to incorporate any missing acknowledgements. Please contact [janine.anderson@sqa.org.uk](mailto:janine.anderson@sqa.org.uk).**



Teisteanais  
Nàiseanta  
2017

**X732/76/12**

**Gàidhlig  
Sgrìobhadh**

**Àrd-Ìre**

DIHAOINE, 2 ÒGMHIOS

9:00 M – 10:40 M

Gàidhlig  
Writing

**Comharran gu lèir — 20**

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairt gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Leughadh. Cuir do fhreagairtean airson Leughadh ann an leabhran nam freagairtean airson Leughadh.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraichean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 7 3 2 7 6 1 2 \*

## Comharran gu lèir — 20

### Freagair AON cheist

#### 1. Rosg

- (a) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail anns am faic sinn caractar ann an suidheachadh sònraichte. Mìnich mar a tha an t-ùghdar a' cleachdadh a' charactair agus dòighean-sgrìobhaidh eile airson teachdaireachd a chur far comhair.

NO

- (b) 'Cha tug sgeulachd sam bith eile a leithid de bhuidh orm'. Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail a tha fhathast a' toirt ort smaoineachadh. Seall mar a chleachd an sgrìobhadair diofar sgilean airson am pìos a dhèanamh cho cumhachdach.

#### 2. Bàrdachd

- (a) Tagh pìos bàrdachd a leugh thu a dh'atharraich mar a bha thu a' coimhead air cuspair. Seall mar a chaidh do bheachd atharrachadh le bhith a' sgrùdadh brìgh agus sgilean-sgrìobhaidh na bàrdachd.

NO

- (b) 'Cha leig bàrdachd a leas a bhith domhainn airson a bhith cumhachdach.' Seall mar a tha seo fìor mu phìos bàrdachd a leugh thu.

#### 3. Dràma

- (a) Tagh pìos dràma anns an robh tionndadh a thug buaidh mhòr air a' phlota. Seall mar a chleachd an sgrìobhadair caractaran agus sgilean eile airson an tachartas seo a chur aig cridhe an dràma.

NO

- (b) 'Bidh sgrìobhadairean uaireannan a' cleachdadh dràma gus cuspair cudromach a rannsachadh.' Tagh pìos dràma agus seall mar a chaidh a chruthachadh airson an cuspair a chur fa chomhair an luchd-coimhead.



#### 4. Film/Telebhisean

- (a) Tagh film no prògram dràma anns a bheil cultar na Gàidhlig cudromach. Seall mar a chaidh do thuigse air a' chultar a leudachadh agus mar a chuir seo ri èifeachdas a' phìos.

NO

- (b) 'Gus am bi film no prògram dràma soirbheachail, feumaidh na ceanglaichean eadar caractaran toirt air an luchd-amhairc beachdachadh air suidheachaidhean nam beatha fhèin.' Seall mar a chaidh ceanglaichean a chruthachadh eadar caractaran ann am film no prògram dràma airson buaidh mar seo a thoirt ort fhèin.

#### 5. Cànan

- (a) 'Tha ceòl agus òrain a' cur ri beartas cultar na Gàidhlig.' Seall, le eisimpleirean, mar a tha seo fìor ann an eachdraidh agus san latha an-diugh.

NO

- (b) Seall, le eisimpleirean, mar a tha leasachaidhean ann am foghlam Gàidhlig aig diofar ìrean air inbhe a' chànain a thogail am measg an t-sluaigh o chionn beagan bhliadhnan.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

FOR OFFICIAL USE



--	--	--	--	--	--

Teisteanais  
Nàiseanta  
2017

Comharra

**X732/76/03**

**Àrd-Ìre**

DIHAOINE, 2 ÒGMHIOS

11:00 M – 11:40 M

**Gàidhlig  
Èisteachd**

Gàidhlig Listening



\* X 7 3 2 7 6 0 3 \*

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an  
t-suidheachain

Latha breith

Latha

--	--

Mìos

--	--

Bliadhna

--	--

Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

**Comharran gu lèir — 20**

Cluinnidh tu earrann dà thuras, le trì mionaidean eadar gach turas. Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.

Feuch na ceistean UILE.

Chan fhaod thu faclair Gàidhlig a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran. Tha àite a bharrachd airson freagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Chan fhaod thu rùm nan deuchainnean fhàgail ro chrìoch na deuchainn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 1 \*

## Comharran gu lèir — 20

1. (a) Inns mu shuidheachadh anns an do chleachd thu dealan mu thràth an-diugh, a rèir an neach-labhairt. 1
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
- (b) Carson a tha an neach-labhairt den bheachd gum bi sinn a' cleachdadh an dealain 'gun smaoineachadh'? 1
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
2. Dè thuig an neach-labhairt cho luath 's a ràinig e Ionad-tadhail Chruachain? 2
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
3. Càit agus carson a chaidh an dama a thogail air Beinn Chruachain? 2
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 2 \*

## Ceistean (a' leantainn)

4. Dè an obair a rinneadh gus an stèisean-dealain a thogail am broinn na beinne?

2

---

---

---

---

5. Dè an cothrom a bhios aig luchd-tadhail?

2

---

---

---

---

6. (a) Carson a bha obair-togail an stèisein cunnartach?

2

---

---

---

---

- (b) Dè a' bhuaidh a bh' aig a seo?

2

---

---

---

---

[Tionndaidh an duilleag



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 3 \*

## Ceistean (a' leantainn)

7. Mìnich carson a bhios uisge air a thilleadh suas dhan loch tron oidhche.

2

---

---

---

---

Beachdaich a-nis air an earrainn air fad.

8. Nad bheachdsa, dè a' bhuidh a thug an turas dha Ionad-tadhail Chruachain air an neach-labhairt? Cleachd fianais às an earrainn (nach do dh'ainmich thu ann am freagairtean eile) gus taic a chur ri do bheachd.

3

---

---

---

---

---

---

---

---

9. Thoir do bheachd air stoidhle-aithris an neach-labhairt. Cuir taic ri do bheachd le bhith a' cleachdadh fianais às an earrainn.

1

---

---

---

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 4 \*

COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN  
SEO

## ÀITE A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 5 \*

*Duilleag 05*

[Tionndaidh an duilleag

COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN  
SEO

## ÀITE A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 6 \*

*Duilleag 06*



[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 7 \*

*Duilleag 07*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 7 3 2 7 6 0 3 0 8 \*

*Duilleag 08*



Teisteanais  
Nàiseanta  
2017

**X732/76/13**

**Àrd-Ìre**

DIHAOINE, 2 ÒGMHIOS

11:00 M – 11:40 M

**Gàidhlig  
Earrann Èisteachd**

**Gàidhlig  
Listening Transcript**

**Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.**

Ri fhosgladh leis an tidsear mur a h-eil an disc ag obair no far a bheil cead air a thoirt seachad ro làimh leis an SQA airson an stuth a leughadh ris na tagraichean aig a bheil feumalachdan sònraichte.

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



\* X 7 3 2 7 6 1 3 \*

**Stiùiridhean airson leughadair(ean):**

Leugh a-mach an earrann dà thuras, le trì mionaidean eadar gach turas.

Far a bheil stiùiridhean airson leughadh air an aontachadh ro làimh, feumar boireannach airson earrann comharraichte le **(b)** agus fireannach airson **(f)**; agus neach-teagaisg far a bheil **(n-t)**.

**Instructions to reader(s):**

Read the passage twice with an interval of 3 minutes between the two readings.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked **(b)** should be read by a female speaker and those marked **(f)** by a male; those sections marked **(n-t)** should be read by the teacher.

- (n-t)** Cluinnidh tu earrann dà thuras, le trì mionaidean eadar gach turas. Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.

*(1 mionaid)/(1 minute).*

**Cluinnidh tu an neach-labhairt ag innse mu thuras a ghabh e a dh'Earra-Ghàidheal, air taobh siar na h-Alba.**

- (b/f)** 'S cinnteach gun do bhrùth thu air suidse an dealain iomadh turas mu thràth an-diugh: an solas ri taobh do leapa nuair a dhùisg thu, am frasair mus do nigh thu thu fhèin agus mar sin air adhart. Cuiridh mi geall gun do bhrùth thu suidse an dealain gach turas cha mhòr gun smaoineachadh. Agus carson a smaoinicheadh tu? Tha sinn fortanach gu bheil sinn a' fuireach ann an dùthaich anns a bheil cumhachd an dealain againn gu cunbhalach. Tha sinn buailteach dìochuimhneachadh ge-tà nach biodh e againn nar dachaighean gun teicneòlas iongantach agus saothair chruaidh. Bha mi air saor-làithean ann an sgìre Earra-Ghàidheil bho chionn ghoirid far an d' fhuair mi tuigse às ùr air seo.

'S i Beinn Chruachain a' bheinn as àirde ann an Earra-Ghàidheal ach chan e sin a-mhàin a tha a' toirt inbhe shònraichte dhi. Às dèidh dhomh a' bheinn bhrèagha a tha seo a shreap, thog mi orm do dh'ionad-tadhail Chruachain. Bha e soilleir dhomh sa bhad cho cudromach 's a tha Stèisean-dealain Beinn Chruachain agus gu bheil an dealan air a chruthachadh ann an dòigh a tha air leth annasach.

Chaidh obair a thòiseachadh air sgeama mòr *hydro* Beinn Chruachain ann an 1959. An toiseach, chaidh dama a thogail air Beinn Chruachain aig ceithir ceud meatair os cionn ìre na mara gus stòras-uisge a chruthachadh. Bhathar ag iarraidh gum biodh an stèisean-dealain am broinn na beinne fhèin. Gus seo a choileanadh, chaidh tunail a chladhach agus rathad a dhèanamh a-steach gu meadhan na beinne far an deach fosgladh mòr a chruthachadh. Tha am fosgladh seo mu thrì cheud meatair fon loch. Bidh an t-ionad-tadhail a' cur tursan bus air dòigh a bhios a' toirt luchd-turais fon bheinn air an rathad chun an stèisean-dealain. An sin, chì iad mar a tha an stèisean ag obair. Bha e na annas dhomh a bhith a' faicinn saoghal fo thalamh mar gum biodh, domhainn sa bheinn air an do choisich mi na bu thràithe an latha ud.

Mar a thuigeadh tu, 's e obair air leth cunnartach a bh' ann an stèisean-dealain a thogail. Smaoinich mar eisimpleir air na creagan troma a dh'fheumadh a bhith air an toirt a-mach às a' bheinn. Cha robh riaghailtean sàbhailteachd ann mar a tha againn an-diugh agus bhàsaich còrr is trithead duine anns na sia bliadhna a bha obair-togail a' dol air adhart. Ri linn a' chunnairt seo, bha an tuarastal a bha ga tabhann dhan luchd-obrach fada na b' àirde na an àbhaist aig an àm.

Chosg an sgeama fichead 's a còig millean not, suim mhòr airgid aig an àm. Ach cha deach ach beagan bhliadhnachan seachad mus robh an stèisean-dealain air pàigheadh air a shon fhèin. Cha bhi an stèisean-dealain ag obair fad na tìde. Thèid a chur gu dol nuair a bhios lìonra-dealain na Rìoghachd Aonaichte a' cur feum air barrachd dealain agus nuair a gheibhear prìs mhòr airson dealan a reic. Tha stèisean-dealain Beinn Chruachain comasach air còrr is ceithir ceud *megawatt* de dhealan a thoirt seachad aig na h-amannan seo: gu leòr airson dealan a chumail ri baile mòr Dhùn Èideann. Tha cosgais an dealain gu math nas ìsle tron oidhche nuair nach eil mòran iarraidh air. Tro uairean an dorchadais, bithear a' cleachdadh pump gus an t-uisge a chaidh a leigeil sìos bhon loch chun an stèisein tron latha a chur air ais suas, deiseil gus dealan an ath-latha a chruthachadh.

Tha sgeamaichean dealan-*hydro* air leth cudromach do dh'Alba agus bithidh anns an àm ri teachd. Chaidh sgeama Beinn Chruachain a thogail leis na stuthan a b' fheàrr gus am maireadh e. 'S e glè bheag airgid a thathar a' cosg air a bhith ga chumail aig ìre. 'S e an rud as fheàrr buileach mu dheidhinn gur e dealan glan a bhios e a' cruthachadh. An ath thuras a bhrùthas tu air suidse an dealain agus gu h-àraid aig àm trang san latha, cuimhnich air mar a tha an dealan sin air a chur thugad.

(n-t) Crìoch na h-earrainn.

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

[CRÌOCH NA H-EARRAINN]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO